



curraicealam airson sàr-mhathais:
gàidhlig (luchd-ionnsachaidh)
eòlasan agus builean

www.gaidhlig.ltscotland.org.uk



Gàidhlig (Iuchd-ionnsachaidh) Eòlasan agus builean

Tha ionnsachadh cànan ùr a' brosnachadh chloinne agus dhaoine òga gus sealladh nas fharsainge a ghabhail air an t-saoghal mar a tha iad ag ionnsachadh mun chànan agus mun chultar a tha co-cheangailte ris.

Trom ionnsachaidh air cànan ùr tha mi:

- faighinn tuigse nas fheàrr air mo chiad chànan agus a' fàs mothachail air beairteas agus nàdar eadar-cheangailte chànanan
- a' cur ri mo thuigse agus mo thlachd a thaobh mo chultar fhìn agus cultaran eile agus a' faighinn sealladh air dòighean smaoineachaidh eile agus air an t-saoghal
- a' togail sgilean a tha a' còrdadh rium agus as urrainn dhomh a chleachdadh fad mo bheatha ann an obair agus ann an cur-seachadan.

Tha pàirt cudromach aig sgrùdadh cànan ann an ionnsachadh cànan sam bith agus ann an toirt air adhart sgilean litearrachd.

Tha mi a' toirt air adhart agus a' leudachadh mo sgilean litearrachd nuair a gheibh mi cothroman:

- conaltradh, co-obrachadh agus ceanglaichean a dhèanamh ri daoine eile
- beachdachadh air agus mìneachadh mo sgilean litearrachd is smaoineachaidh, a' cleachdadh beachdan dhaoine eile gus mo chuideachadh a' fàs nas fheàrr agus a' toirt bheachdan feumail do dhaoine eile ann an dòigh chuideachail
- dol an sàs ann, agus a bhith a' cruthachadh, raon fharsaing de theacsaichean ann an diofar mheadhanan, a' dèanamh feum de na cothroman a tha ICT a' toirt
- eòlas fhaighinn air na rudan a tha sònraichte, beòthail agus luachmhor nam chultar fhìn agus ann an cultaran eile agus an cànanan
- rannsachadh beairteas agus farsaingeachd chànanan, a' bhuaidh a dh'fhaodas a bhith aig seo orm agus na diofar dhòighean san urrainn dhòmhsa agus do dhaoine eile a bhith cruthachail
- mo bhriathrachas a leudachadh agus a neartachadh tro èisteachd, labhairt, coimhead agus leughadh.

Èisteachd agus labhairt

	Tràth	A' chiad	An dàrna	An treas	An ceathramh
Ag èisteachd airson fiosrachadh	Tro èisteachd agus gabhail pàirt ann an aithris sgeulachdan agus ann an rannan, geamannan is òrain, tha mi air eòlas a chur air pàtrain fuaim, facail is abairtean Gàidhlig. LGL 0-01a / LGL 0-05a / LGL 0-07a / LGL 0-08a	'S urrainn dhomh pàirt a ghabhail ann an cluich is geamannan, le dàin shimplidh, sgeulachdan as aithne dhomh agus cleasan dràma, agus facail is abairtean Gàidhlig air a bheil mi eòlach fhuaimneachadh. LGL 1-01a	'S urrainn dhomh èisteachd ri, agus sealltainn gu bheil mi a' tuigsinn stiùireadh agus cànan o ghuthan agus ghoireasan air a bheil mi eòlach. LGL 2-01a	'S urrainn dhomh èisteachd ri, agus sealltainn gu bheil mi a' tuigsinn, cànan agus stiùiridhean air a bheil mi eòlach gu ìre mhòr agus a tha a' tighinn o dhiofar ghoireasan no dhaoine, far a bheil na seantansan nas fhaide agus far am faod barrachd air aon neach a bhith a' bruidhinn. LGL 3-01a	'S urrainn dhomh èisteachd agus sealltainn gu bheil mi a' tuigsinn cànan o dhiofar ghoireasan no dhaoine, nam measg luchd-labhairt nach aithne dhomh, far a bheil na seantansan nas iomadh-fhillte agus mì-àbhaisteach agus anns a bheil cànan air nach eil mi eòlach. LGL 4-01a
Èisteachd agus bruidhinn ri daoine eile	Dh'fheuch mi a-mach pàtrain agus fuaimean a' chànain agus 's urrainn dhomh na dh'ionnsaich mi a chur gu feum. LGL 0-02a	'S urrainn dhomh raon de dh'iartrasan bho luchd-teagaisg agus bho dhaoine eile a fhreagairt, le cainnt agus ann an dòighean eile. LGL 1-02a	'S urrainn dhomh èisteachd ri, agus freagairt a thoirt do ghuthan ann an còmhraidh goirid a tha a' leantainn pàtran àbhaisteach, a' cleachdadh cànan furasta agus dòighean neo-labhairteach mar a tha iomchaidh leithid gluasad-bodhaig agus glacadh-sùla. LGL 2-02a	'S urrainn dhomh èisteachd ri daoine is am freagairt ann an còmhraidhean a tha gu ìre mhòr a' leantainn pàtran a tha àbhaisteach ach a tha nas fhaide, a' cleachdadh cànan air a bheil mi eòlach agus/no gluasadan is glacadh-sùla. LGL 3-02a	'S urrainn dhomh èisteachd ri daoine eile is am freagairt, a' gabhail a-steach fhileantaich chuideachail, ann an còmhraidhean nas fhaide nach eil a' leantainn pàtran àbhaisteach. LGL 4-02a
		'S urrainn dhomh facail agus abairtean air a bheil mi eòlach a chleachdadh airson fiosrachadh sìmplidh a thoirt seachad. LGL 1-03a	'S urrainn dhomh pàirt a ghabhail ann an còmhraidhean air an ullachadh ro-làimh, le bhith ag innse fiosrachadh mun dheidhinn fhìn, mu dhaoine eile no mu rudan anns a bheil ùidh agam, a' cleachdadh fhacail air a bheil mi eòlach agus structaran cànan sìmplidh. LGL 2-03a	'S urrainn dhomh pàirt a ghabhail ann an còmhraidhean air an ullachadh ro-làimh, le bhith a' cleachdadh measgachadh de structaran cànan airson fiosrachadh, eòlasan agus beachdan a chur an cèill, agus 's urrainn dhomh adhbharan sìmplidh a thoirt airson nam beachdan sin. LGL 3-03a	'S urrainn dhomh pàirt a ghabhail gu h-èifeachdach ann an còmhraidhean sa bheil fiosrachadh nas mionaidiche, a' cleachdadh raon farsaing de structaran cànan agus gnàthasan-cainnte Gàidhlig airson fiosrachadh, eòlasan, faireachdainn agus beachdan a chur an cèill, agus 's urrainn dhomh adhbharan nas mionaidiche a thoirt airson mo bheachd. LGL 4-03a

Èisteachd agus labhairt (a' leantainn)

	Tràth	A' chiad	An dàrna	An treas	An ceathramh
Èisteachd agus bruidhinn ri daoine eile	Na mo bheatha làitheil agus ann an cluiche 's urrainn dhomh èisteachd ri, agus coimhead airson fiosrachadh inntinneach no feumail. LGL 0-04a	'S urrainn dhomh cuideachadh iarraidh, a' cleachdadh abairtean agus facail shìmplidh no eòlach a tha mi air ionnsachadh a cheana. LGL 1-04a	'S urrainn dhomh cuideachadh iarraidh le misneachd, a' cleachdadh abairtean a dh'ionnsaich mi no cànan air a bheil mi eòlach. LGL 2-04a	'S urrainn dhomh còmhradh a chumail a' dol le bhith ag iarraidh cuideachadh, ag iarraidh air daoine rud a ràdh a-rithist agus a' faighneachd cheistean sìmplidh. LGL 3-04a	'S urrainn dhomh còmhradh a thòiseachadh is a chumail a' dol le bhith, mar eisimpleir, a' faighneachd cheistean iomchaidh agus ag iarraidh cuideachadh mar a tha feum air. LGL 4-04a
	Tro èisteachd agus gabhail pàirt ann an innse sgeulachdan, geamannan, rannan agus òrain, tha mi air pàtrain fuaim, facail agus abairtean ann an Gàidhlig a lorg agus fheuchainn a-mach. LGL 0-01a / LGL 0-05a / LGL 0-07a / LGL 0-08a	Ann a bhith a' gabhail pàirt ann an innse sgeulachdan, geamannan, rannan, òrain agus dàin ann an Gàidhlig, 's urrainn dhomh facail as aithne dhomh agus abairtean sìmplidh a chleachdadh. LGL 1-05a	'S urrainn dhomh pàirt a ghabhail còmhla ri daoine ann an gnìomhan Gàidhlig air a bheil mi eòlach, mar geamannan, còmhradh càraid agus dealbhan-cluiche beaga. LGL 2-05a	'S urrainn dhomh pàirt a ghabhail còmhla ri daoine eile ann an raon de ghnìomhan Gàidhlig air a bheil mi eòlach, nam measg geamannan, còmhradh càraid agus dealbhan-cluiche le structar, stèidhichte air raon de cho-theacsan agus de shuidheachaidhean fìor. LGL 3-05a	'S urrainn dhomh obrachadh còmhla ri daoine eile airson dealbhan-cluiche le structar nach eil cho teann ullachadh is a thaisbeanadh, stèidhte ann an raon farsaing de shuidheachaidhean fìor, agus 's urrainn dhomh dèiligeadh ri luchd-labhairt Gàidhlig eile. LGL 4-05a

Èisteachd agus labhairt (a' leantainn)

	Tràth	A' chiad	An dàrna	An treas	An ceathramh
<p>A' cur òrdugh air agus a' cleachdadh fiosrachaidh</p>	<p>'S urrainn dhomh èisteachd, amharc agus cluiche airson pàirtean de chultar na Gàidhlig a rannsachadh.</p> <p>LGL 0-06a</p>	<p>'S urrainn dhomh èisteachd ri cunntasan dhaoine eile air rudan a thachair dhaibh agus freagairt ann an diofar dhòighean, nuair a tha mi a' rannsachadh phàirtean de chultar na Gàidhlig.</p> <p>LGL 1-06a</p>	<p>'S urrainn dhomh taisbeanadh goirid a thoirt seachad mu chuspair air a bheil mi eòlach, a' cleachdadh cànan agus abairtean air a bheil mi eòlach.</p> <p>LGL 2-06a</p> <p>Dh'obraich mi còmhla ri daoine eile, a' cleachdadh ICT agus meadhanan iomchaidh eile, agus 's urrainn dhomh cur gu soirbheachail ri taisbeanadh sa Bheurla, le taic bho fhacail Gàidhlig, mu phàirt de chultar agus dhualchas na Gàidhlig.</p> <p>LGL 2-06b</p>	<p>Chluich mi pàirt gu soirbheachail ann am buidheann a bha a' planadh agus ag ullachadh òraid ghoirid sa Ghàidhlig. A' cleachdadh ICT mar a bhios iomchaidh, 's urrainn dhomh mo thaisbeanadh fhìn a thoirt seachad ann an Gàidhlig:</p> <ul style="list-style-type: none"> • mu chuspair sa bheil ùidh agam gu pearsanta no mu chuspair co-cheangailte ri cultar no eachdraidh na Gàidhlig • a' cleachdadh cainnt fhreagarrach agus dòighean eadar-dhealaichte air cruth a chur air seantans. <p>LGL 3-06a</p>	<p>A' cleachdadh ICT mar a tha iomchaidh, 's urrainn dhomh mo thaisbeanadh fhìn a phlanadh, ullachadh agus a thoirt seachad sa Ghàidhlig:</p> <ul style="list-style-type: none"> • air cuspair sa bheil ùidh agam no air cuspair co-cheangailte ri cultar no eachdraidh na Gàidhlig • a' cleachdadh fhacail iomchaidh agus diofar structaran gràmair agus ghnàthasan-cainnte. <p>LGL 4-06a</p>

Èisteachd agus labhairt (a' leantainn)

	Tràth	A' chiad	An dàrna	An treas	An ceathramh
Cleachdadh eòlas mu chànan	<p>Tro bhith ag èisteachd agus a' gabhail pàirt ann an aithris sgeulachdan, geamannan agus ann an rannan is òrain, tha mi air pàtrain fuaim, facail agus abairtean a lorg agus fheuchainn a-mach.</p> <p>LGL 0-01a / LGL 0-05a / LGL 0-07a / LGL 0-08a</p>	<p>Nuair a tha mi a' leughadh leam fhìn no còmhla ri daoine eile, 's urrainn dhomh facail air a bheil mi eòlach agus abairtean agus seantansan sìmplidh a leughadh.</p> <p>LGL 1-07a</p>	<p>'S urrainn dhomh m' eòlas air cànan agus fuaimneachadh a chleachdadh airson dèanamh cinnteach gun tuig daoine eile mi nuair a bhios mi a' leughadh a-mach no a' ràdh fhacail, abairtean agus theacsaichean goirid air a bheil mi eòlach.</p> <p>LGL 2-07a</p>	<p>'S urrainn dhomh m' eòlas air cànan, air dòigh-labhairt agus air fuaimneachadh a chur gu feum airson:</p> <ul style="list-style-type: none"> dèanamh cinnteach gu bheil daoine eile gam thuigsinn nuair a tha mi a' fuaimneachadh fhacail agus abairtean air a bheil mi eòlach mo chuideachadh ann an obrachadh a-mach mar a dh'fhuaimnicheas mi facail air nach eil mi eòlach teacsa goirid a leughadh a-mach gun mhearachd agus le misneachd. <p>LGL 3-07a</p>	<p>'S urrainn dhomh m' eòlas air cànan, dòigh-labhairt agus fuaimneachadh a chur gu feum airson:</p> <ul style="list-style-type: none"> dèanamh cinnteach gu bheil daoine eile gam thuigsinn nuair a bhios mi a' fuaimneachadh fhacail agus abairtean air a bheil mi eòlach mo chuideachadh ann an obrachadh a-mach, gun mhearachd agus le misneachd, mar a leughas mi a-mach teacsan air a bheil agus air nach eil mi eòlach. <p>LGL 4-07a</p>

Leughadh

	Tràth	A' chiad	An dàrna	An treas	An ceathramh
Lorg agus cleachdadh fiosrachaidh	Tro bhith ag èisteachd is a' gabhail pàirt ann an innse sgeulachdan agus ann an rannan, geamannan, agus òrain, tha mi air pàtrain fuaim, fhacail agus abairtean Gàidhlig fheuchainn a-mach agus air tlachd fhaighinn asta. LGL 0-01a / LGL 0-05a / LGL 0-07a / LGL 0-08a	Dh'obraich mi leam fhìn agus còmhla ri daoine eile, agus 's urrainn dhomh sealltainn gu bheil mi a' tuigsinn fhacail, shoidhnichean agus abairtean ann an cànan air a bheil mi eòlach. LGL 1-08a	Dh'obraich mi leam fhìn agus còmhla ri daoine eile airson teacsaichean a thuigsinn, a' cleachdadh ghoidheasan iomchaidh. 'S urrainn dhomh leughadh, agus sealltainn gu bheil mi a' tuigsinn sheantansan agus theacsaichean sìmplidh ann an cànan air a bheil mi eòlach. LGL 2-08a	Dh'obraich mi leam fhìn agus còmhla ri daoine eile airson teacsaichean a thuigsinn, a' cleachdadh ghoidheasan iomchaidh. 'S urrainn dhomh leughadh, agus sealltainn gu bheil mi a' tuigsinn theacsaichean nas iomadh-fhillte ann an cànan air a bheil agus air nach eil mi eòlach. LGL 3-08a	A' cleachdadh measgachadh de ghoidheasan, 's urrainn dhomh teacsaichean a leughadh gun chuideachadh a tha nas mionaidiche agus anns a bheil cànan nach eil cho sìmplidh, a' gabhail a-steach diofar thràthan agus ghnàthasan-cainnte agus 's urrainn dhomh sealltainn gu bheil mi gan tuigsinn. LGL 4-08a
Leughadh airson ùidh ann an cultar		Dh'obraich mi còmhla ri daoine eile airson teacsaichean sìmplidh Gàidhlig a leughadh agus airson bruidhinn orra. 'S urrainn dhomh fiosrachadh sìmplidh a thoirt seachad mu bheatha choimhearsnachdan Gàidhlig ann an Alba. LGL 1-09a	Dh'obraich mi còmhla ri daoine eile airson teacsaichean sìmplidh Gàidhlig a leughadh agus airson bruidhinn orra. 'S urrainn dhomh fiosrachadh sìmplidh a thoirt seachad mu bheatha ann an cuid de na dùthchannan far a bheil Gàidhlig agus na cànanan a tha càirdeach dhi air am bruidhinn. LGL 2-09a	Dh'obraich mi còmhla ri daoine eile airson teacsaichean sìmplidh Gàidhlig a leughadh agus a sgrùdadh. 'S urrainn dhomh cur an cèill nas aithne dhomh mu bheatha agus cultar ann an dùthchannan far a bheil Gàidhlig agus na cànanan a tha càirdeach dhi air am bruidhinn. LGL 3-09a	Dh'obraich mi còmhla ri daoine eile airson teacsaichean sìmplidh Gàidhlig a leughadh agus a sgrùdadh. 'S urrainn dhomh cur an cèill na dh'ionnsaich mi mu chultaran eadar-dhealaichte agus sealltainn gu bheil mi mothachail air na h-eadar-dhealachaidhean eadar na dùthchannan sa bheil Gàidhlig is na cànanan a tha càirdeach dhi air am bruidhinn agus na dòighean sa bheil iad coltach ri chèile. LGL 4-09a

Leughadh (a' leantainn)

	Tràth	A' chiad	An dàrna	An treas	An ceathramh
Leughadh airson ùidh agus tlachd		Is toigh leam a bhith a' dol an sàs ann an teacsaichean simplidh leam fhìn agus còmhla ri daoine eile. LGL 1-10a	Thagh mi, agus 's urrainn dhomh leughadh, leam fhìn agus còmhla ri daoine eile, measgachadh de theacsaichean furasta de dhiofar seòrsaichean, cuid aca a tha air an atharrachadh. LGL 2-10a	Thagh mi agus 's urrainn dhomh leughadh le tlachd raon de theacsaichean, ann an diofar stoidhlichean, cuid aca air an atharrachadh gu ìre. LGL 3-10a	Thagh mi agus 's urrainn dhomh leughadh le tlachd raon de theacsaichean, sa bheil cànan air a bheil agus nach eil mi eòlach, cuid aca air an atharrachadh gu ìre. LGL 4-10a

Leughadh (a' leantainn)

	Tràth	A' chiad	An dàrna	An treas	An ceathramh
Cleachdadh eòlas mu chànan	<p>Rannsaich mi agus dh'fheuch mi a-mach facail agus abairtean Gàidhlig.</p> <p>LGL 0-11a / LGL 0-12a / LGL 0-13a</p>	<p>Dh'fheuch mi a-mach fuaimnean, litrichean agus facail, a' faighinn a-mach mar a tha iad ag obair còmhla agus 's urrainn dhomh na dh'ionnsaich mi a chleachdadh airson mo chuideachadh a' leughadh.</p> <p>LGL 1-11a</p>	<p>Tha mi a' tuigsinn mar a tha faclair dà-chànanach ag obair agus 's urrainn dhomh a chleachdadh, le taic.</p> <p>LGL 2-11a</p> <p>'S urrainn dhomh coimeas a dhèanamh, agus ceanglaichean a lorg eadar pàtrain litreachaidh ann am Beurla agus Gàidhlig.</p> <p>LGL 2-11b</p> <p>Aithnichidh mi agus 's urrainn dhomh bruidhinn mu fheartan eile dem chànan fhìn, a tha gam chuideachadh a' dèanamh ciall de fhacail sa Ghàidhlig.</p> <p>LGL 2-11c</p>	<p>'S urrainn dhomh faclair dà-chànanach a chleachdadh gu neo-eisimeileach airson mo chuideachadh a' tuigsinn cànan ùr.</p> <p>LGL 3-11a</p> <p>Aithnichidh mi feartan fhacail sa chànan a tha mi ag ionnsachadh agus 's urrainn dhomh an cleachdadh gus facail agus na ceanglaichean eadar facail a thuigsinn.</p> <p>LGL 3-11b</p>	<p>'S urrainn dhomh m' eòlas air cànan agus ro-innleachdan eile a chleachdadh airson mo chuideachadh a' tuigsinn agus a' sgrùdadh theacsaichean sa bheil barrachd fiosrachaidh agus anns a bheil cànan air nach eil mi eòlach agus structaran nach eil cho simplidh.</p> <p>LGL 4-11a</p>

Sgrìobhadh

	Tràth	A' chiad	An dàrna	An treas	An ceathramh
<p>Cur òrdugh air agus cleachdadh fiosrachaidh</p>	<p>Lorg mi agus dh'fheuch mi a-mach facail agus abairtean Gàidhlig. LGL 0-11a / LGL 0-12a / LGL 0-13a</p>	<p>'S urrainn dhomh facail agus abairtean simplidh as aithne dhomh a sgrìobhadh ann an Gàidhlig. LGL 1-12a</p>	<p>'S urrainn dhomh facail as aithne dhomh a chleachdadh airson mo shuidheachadh a mhineachadh agus airson fiosrachadh sìmplidh a thoirt seachad. 'S urrainn dhomh cunntas a thoirt air pàirtean de chultar agus de dhualchas na Gàidhlig. LGL 2-12a</p>	<p>'S urrainn dhomh fiosrachadh nas mionaidiche a chur ri chèile, ath-sgrìobhadh agus a thaisbeanadh airson diofar rudan innse mum dheidhinn fhìn agus mu dhaoine eile, mu rudan a thachair dhomh no mu chuspair a thagh mi fhìn.</p>	<p>'S urrainn dhomh sgrìobhadh mu bheatha no cultar ann an dùthchannan far a bheil Gàidhlig agus na cànanan a tha càirdeach dhi air am bruidhinn. LGL 4-12a</p>
				<p>'S urrainn dhomh fiosrachadh sìmplidh a sgrìobhadh mu bheatha ann an cuid de na dùthchannan far a bheil Gàidhlig agus na cànanan a tha càirdeach dhi air am bruidhinn. LGL 3-12a</p>	
				<p>'S urrainn dhomh mo bheachdan a chur an cèill agus adhbharan sìmplidh a thoirt seachad air an son. LGL 3-12b</p>	<p>'S urrainn dhomh sgrìobhadh mu rudan a thachair dhomh, m' fhaireachdainn agus mo bheachdan, agus adhbharan a thoirt seachad air an son. LGL 4-12c</p>

Sgrìobhadh (a' leantainn)

	Tràth	A' chiad	An dàrna	An treas	An ceathramh
Cleachdadh eòlas mu chànan	Lorg mi agus dh'fheuch mi a-mach facail agus abairtean Gàidhlig. LGL 0-11a / LGL 0-12a / LGL 0-13a	'S urrainn dhomh measgachadh de ghoireasan a chleachdadh airson mo chuideachadh a' dèanamh cinnteach gu bheil mo litreachadh agus mo phuingeachadh ceart. LGL 1-13a	Chleachd mi m' eòlas mu chànan agus slatan-tomhais coileanaidh airson mo chuideachadh, agus 's urrainn dhomh dèanamh cinnteach gun sgrìobh mi facail agus abairtean as aithne dhomh gun mhearachd. LGL 2-13a	'S urrainn dhomh measadh dè cho ceart agus a tha mo sgrìobhadh, a' cleachdadh m' eòlas air cànan, taic dhaoine eile agus stuthan-taic freagarrach, nam measg slatan-tomhais coileanaidh. LGL 3-13a 'S urrainn dhomh gnàthasan-cainnte Gàidhlig a chleachdadh gu ceart. LGL 3-13b	'S urrainn dhomh m' eòlas mu chànan a chleachdadh, a' gabhail a-steach structar, litreachadh agus puingeachadh, airson dèanamh cinnteach dhomh fhìn gu bheil mo litreachadh ceart. LGL 4-13a 'S urrainn dhomh raon de ghnàthasan-cainnte iomchaidh Ghàidhlig a chleachdadh gu ceart. LGL 4-13b

Eàrr-ràdh – Mìneachaidhean

Ìre thràth – gabhail a-steach pàtrain fuaim aig an ìre thràth agus a' chiad ìre

Aig an ìre thràth, bidh luchd-ionnsachaidh mar as trice a' dèanamh obair labhairt, a dh'fhaodas a bhith a' gabhail a-steach lorg phàtrain ann an sgeulachdan, dàin, rannan agus òrain. Aig an ìre seo, bidh luchd-ionnsachaidh mothachail air sgrìobhadh Gàidhlig san t-saoghal mun cuairt orra. Bidh iad a' dol an sàs ann an diofar sheòrsaichean teacsa, nam measg stuthan a chithear agus a chluinnear, anns a bheil ath-aithris agus plota a tha furasta obrachadh a-mach agus a tha a' dèanamh ciall dhan neach-ionnsachaidh.

Cultar Gàidhlig

Faodaidh eòlas air dualchas agus cultar na Gàidhlig a bhith air a thoirt air adhart le luchd-teagaisg agus luchd-ionnsachaidh tro bhith a' sgrùdadh chleachdaidhean agus dhualchasan. Faodaidh seo gabhail a-steach rannsachadh agus feuchainn a-mach òrain, beul-aithris, ainmean-àite, na h-ealain, fèisean, biadh agus dualchasan. Dh'fhaodadh luchd-ionnsachaidh coimeas a dhèanamh rim beatha fhèin ann an suidheachaidhean iomchaidh.

Dìth theacsaichean

Bidh na teacsaichean a thèid a thaghadh a' gabhail a-steach nan rudan sa bheil ùidh aig daoine òga agus an dualchas agus an cultar dham buin iad. Bidh seo a' gabhail a-steach a bhith a' tarraing air an ùidh ann an cultar an latha an-diugh agus an seòrsa theacsaichean a bhios iad a' cleachdadh gu cunbhalach agus a' cruthachadh gun strì nam beatha a-mach às an sgoil. Bidh luchd-teagaisg mothachail gu bheil barrachd is barrachd theacsaichean rim faighinn o chionn ghoirid tro Stòras na Gàidhlig (www.gaidhlig.LTScotland.org.uk), Glow agus obair foillseachaidh Stòrlann.

Leughadh aig an ìre thràth agus a' chiad ìre

Aig an ìre thràth bidh luchd-ionnsachaidh an sàs mar as trice ann an obair labhairt a dh'fhaodas a bhith a' gabhail a-steach lorg phàtrain ann an sgeulachdan, dàin, rannan agus òrain. Aig a' chiad ìre bidh luchd-ionnsachaidh a' leughadh fhacail as urrainn dhaibh fhuaimneachadh mar-thà. Bidh iad air am brosnachadh gu smaoineachadh agus beachdachadh nuair a bhios iad ag obair le teacsaichean. Aig an ìre thràth agus aig a' chiad ìre, bidh luchd-ionnsachaidh mothachail air sgrìobhadh Gàidhlig san t-saoghal mun cuairt orra. Bidh luchd-ionnsachaidh a' dol an sàs ann an diofar sheòrsaichean teacsa, a' gabhail a-steach stuthan a chithear agus a chluinnear, anns a bheil ath-aithris agus plota a tha furasta obrachadh a-mach agus a tha a' dèanamh ciall dhan neach-ionnsachaidh.